



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

PÀIRT I NOTAICHEAN AN TIDSEIR

GU NA RÒMANAICH

PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL
AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH
SAIGHDEAR RÒMANACH



BALLA ANTONINE

CRIOCHAN IMPIREACHD NA RÒIMHE

GU NA RÒMANAICH PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL AGUS BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH SAIGHDEAR RÒMANACH



PÀIRT 1 NOTAICHEAN AN TIDSEIR

Clàr-innse

1. Ro-ràdh
2. Dè tha anns a' bhogsa?
3. A' cleachdadh nan nithean sa chlas.
4. Measadh cunnairt
5. Cùl-fhiosrachadh, tuilleadh ghoireasan agus ghniomhan
6. Geama Gu na Ròmanaich
7. App Balla Antonine
8. Curraicealam airson Sàr-mhathais: eòlasan agus builean
9. Àitean-tadhail ann an Alba
10. Foirm Fios-air-ais

PÀIRT 2 NOTAICHEAN AN TIDSEIR AIR CUSPAIREAN GU NA RÒMANAICH

1. Gu na Ròmanaich: Saighdear an Lègion, notaichean agus liosta nithean
2. Gu na Ròmanaich: Am Boghadair Sirianach, notaichean agus liosta nithean
3. Gu na Ròmanaich: Tìde Dheth, notaichean agus liosta nithean
4. Gu na Ròmanaich: Biadh agus Còcaireachd, notaichean agus liosta nithean

PÀIRT 3 NÌ SINN RANNSACHADH: CAIRTEAN SGOILEARAN AGUS CAIRTEAN-DEASBAID

1. Gu na Ròmanaich: Saighdear an Lègion, cairt **Ni sinn rannsachadh** agus cairtean 8 nithean
2. Gu na Ròmanaich: Am Boghadair Sirianach, cairt **Ni sinn rannsachadh** agus cairtean 5 nithean
3. Gu na Ròmanaich: Tìde Dheth, cairt **Ni sinn rannsachadh** agus cairtean 8 nithean
4. Gu na Ròmanaich: Biadh agus Còcaireachd, cairt **Ni sinn rannsachadh** agus cairtean 7 nithean

I RO-RÀDH



Anns a' chruinneachadh làimhseachaidh seo tha mic-samhail àrd-chàileachd de nithean Ròmanach airson a' chlas. Tha iad cho faisg 's a ghabhas air nithean a chaidh a lorg aig agus faisg air Balla Antonine, bhon àm a chaidh am Balla a thogail agus a chleachdadh, AD142 gu mu AD165. Tha dùil gun tèid an làimhseachadh, an sgrùdadh agus am feuchainn orra le sgoilearan de gach aois airson ionnsachadh a leasachadh agus airson tuilleadh rannsachaidh agus cheistean a bhrosnachadh.

Tha eòlas agus builean a' churraicealam air an ceangal ris a' Chiad Ìre de Curraicealam airson Sàr-mhathais ann an Cuspairean Sòisealta: *Daoine, tachartasan agus coimhearsnachdan san àm a dh'fhalbh.*

Tha an cruinneachadh airson cur ri geama fìorachd-bhiortail a tha brosnachail, ùr-ghnàthach 's a tha stèidhichte air ath-thogail didseatach de Ghearastan a' Bhàrr air Balla Antonine. Tha an geama Gu na Ròmanaich an-asgaidh agus ri fhaighinn airson **Android** agus **iOS**. Tha mòran de na nithean sa gheama stèidhichte air na nithean tùsail a tha air an riochdachadh anns a' bhogsa.

Tadhailibh air an earrainn ionadail de Bhalla Antonine, fear de làraich Dualchas na Cruinne ann an Alba, agus/no air taigh-tasgaidh a dh'fhaicinn nithean Ròmanach tùsail airson cur ri cleachdadh a' bhogsa sa chlas. **Rach gu <http://www.antoninewall.org> airson turas a chur air dòigh.**

Tha am pasgan-teagaisg agus am bogsa-làimhseachaidh ann an trì roinnean, a dhà do thidsearan agus aon do sgoilearan. Tha dùil gum bi sgoil/tidsear/comasaiche airson 1 no aig a' char as motha 2 bhogsa a ghabhail air iasad aig an aon àm air sgàth planadh agus ùine do leasan. Faodaidh tidsear aon chuspair a chleachdadh na aonar, ach tha na cuspairean air an dealbh airson obrachadh còmhla, nan rachadh na ceithir bogsaichean ann an Gu na Ròmanaich a ghabhail air iasad aig an aon àm.



PÀIRT I NOTAICHEAN AN TIDSEIR
GU NA ROMANAICH: PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL AGUS
BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH SAIGHDEAR RÒMANACH

PAÌRT 1 NOTAICHEAN AN TIDSEIR

Faodaidh an tidsear/comasaiche am fiosrachadh a tha a' còmh-dach nan cuspairean gu lèir son Gu na Ròmanaich fhaighinn an seo aig aon àm, a' gabhail a-steach notaichean agus fiosrachadh mu na bogsaichean-làimhseachaidh, m.e., Curraicealam airson Sàr-mhathais, àitean-tadhail ann an Alba, agus foirm measaidh/fios-air-ais.



PAÌRT 2 NOTAICHEAN AN TIDSEIR AIR CUSPAIREAN GU NA RÒMANAICH

Tha ceithir earrannan anns gach cuspair de Gu na Ròmanaich. Gheibh an tidsear/comasaiche Notaichean an Tidseir air-loidhne do gach bogsa-làimhseachaidh a th' aca air iasad, m.e., Gu na Ròmanaich: Saighdear an Lègion; Am Boghadair Sirianach; Tide Dheth; Biadh agus Còcaireachd. Tha liosta-sgrùdaidh ann airson na nithean a dhearbhadh a' tighinn a-mach agus a' dol air ais an dèidh an iasaid.



PAÌRT 3 NÌ SINN RANNSACHADH: CAIRTEAN SGOILEARAN AGUS CAIRTEAN-DEASBAID

Gheibh an tidsear/comasaiche cairtean nan sgoilearan do **Nì Sinn Rannsachadh** Gu na Ròmanaich air-loidhne, agus cairtean-deasbaid mu na nithean a tha anns a' bhogsa/na bogsaichean a th' aca air iasad.

DÈTHA ANNS A' BHOGSA

1. 2. 3. 4. 5. 6. 7. 8.

1. Bògha 2. Cùl-òrd 3. Cùl-òrd 4. Cùl-òrd 5. Cùl-òrd 6. Cùl-òrd 7. Cùl-òrd 8. Cùl-òrd

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 1: SAIGHDEAR AN LÈGION

NÌ SINN RANNSACHADH!

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 1: SAIGHDEAR AN LÈGION

1. Comhad air na nithean. An robh tad arson an saighdear a dhìon na fad 25 bliadhna. Dè na nithean a na ball-eam agus an t-eadach aige fhad 's e saighdear ann?

2. Cùl-òrd na nithean.

3. Bruithinn mu na cairtean air na cairtean do sgoilear.

4. Sàbhail thu a' fòrtd, comhach, a' cur dèan, air do bhoil, no a' gabhail fad! Tòig deasbaid mar chùis.

5. Mò chathrach. Bliad saighdear. Bliad na nithean.

FIOSRACHADH AIR NA NITHEAN

1. BÒGHA

2. SÒGHATH

3. CÙL-ÒRD

4. DEISE-ARMACH

5. BÒGHAN

6. CLADHMANN

7. CIANN-SLEAGA

8 & 9. CLASAN CÈRE AGUS PINN

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 1: SAIGHDEAR AN LÈGION

BRÒGAN

COINHEAD

DE DO BHEACHD!

NOTAICHEAN

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 1: SAIGHDEAR AN LÈGION

BRÒGAN

FIOSRACHADH

GU NA RÒMANAICH CUSPAIR 1: SAIGHDEAR AN LÈGION

2 DÈ THA ANNS A' BHOGSA?

Tha còrr is trithead nì anns a' chruinneachadh.
Chaidh an cur air dòigh fo cheithir cuspairean:



CUSPAIR 1: SAIGHDEAR AN LÈGION

Buill-airm, armachd, aodach, nithean pearsanta 's msaa.



CUSPAIR 3: TÌDE DHETH

Geama, airgead, nithean an taigh-amaran 's msaa.



CUSPAIR 2: AM BOGHADAIR SIRIANACH

Buill-airm, aodach, armachd



CUSPAIR 4: BIADH AGUS CÒCAIREACHD

Soithichean, poitean, innealan còcaireachd 's msaa

Tha liosta de na nithean gu lèir ann am

**Pàirt 2 Notaichean an Tidseir,
Cuspairean Gu na Ròmanaich.**

Bu chòir dhut a bhith air liosta-sgrùdaidh de na nithean fhaighinn agus a shoidhnigeadh nuair a fhuair thu am bogsa. Bu chòir seo a dhearbhadh nuair a thèid na nithean a thilleadh cuideachd.

Tha cairt-tòiseachaidh **Nì Sinn Rannsachadh!** aig gach cuspair do sgoilearan, a tha a' toirt ciad sùil air a' chuspair agus gan cuideachadh len rannsachadh.

Tha cairt-deasbaid ann do gach nì, a tha a' cuideachadh le sgrùdadh nas mionaidiche agus a' moladh phuingean airson deasbad fhosgailte agus rudan a choimheadas sgoilearan airson, cho math ri fiosrachadh air gach nì.

Faodaidh tidsearan na nithean sa chruinneachadh a chleachdadh ann an dòigh sam bith a tha a' freagairt an amasan ionnsachaidh agus an clas. Gabhaidh an stuth a chleachdadh le sgoilearan nan aonar, no leis a' chlas gu lèir. Feumaidh inbheach a bhith a' cumail sùil nuair a tha cuid de na nithean gan làimhseachadh.

Seo trì dòighean air seisean làimhseachaidh a ruith:

1. Cuir a-mach aon seat nithean (m.e., aon chuspair gach latha airson seachdain). Ann am buidhnean, nì na sgoilearan an rannsachadh aca, buidheann mu seach.

2. Cuir a-mach na nithean gu lèir, 's dòcha aon chuspair anns gach oisean den rùm. Cuir an clas ann am buidhnean, agus cuiridh iad cuairt air na nithean, 's dòcha thairis air madainn no feasgar. Dèan seisean clas aig an deireadh.

3. Mar chlas, dèanaibh an rannsachadh còmhla, cuspair mu seach. Dh'fhaodadh na nithean a bhith air am fàgail a-muigh greis gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig na sgoilearan gach nì a làimhseachadh agus a rannsachadh iad fhèin.

Thathar a' moladh gun dèan tidsearan measadh cunnairt iad fhèin air na gnìomhan làimhseachaidh. Ged a chaidh gach lann agus bàrr a mhaolachadh, bu chòir moladh do sgoilearan gun làimhsich iad cuid de na nithean gu cùramach gus nach goirtich iad iad fhèin no duine eile.

4 MEASADH CUNNAIRT

Tha sinn a' moladh nach tèid na nithean seo a làimhseachadh ach nuair a tha inbheach a' cumail sùil gheur:

- Claidheamh
- Biodag
- Ceann-sleagha
- Saighead

Gus nach tèid na nithean a mhilleadh ma thuiteas iad, iarr air sgoilearan an làimhseachadh os cionn bòrd no brat-ùrlair.

5 CÙL-FHIOSRACHADH AGUS TUILLEADH GHNÌOMHAN SA CHLAS

Tha mòran leabhraichean agus làraich-lìn a' buntainn ri na Ròmanaich. Airson sealladh na h-Alba fhaighinn, tadhail air www.antoninewall.org agus faigh cùl-fhiosrachadh, ìomhaighean agus gnìomhan a tha a' buntainn ri Balla Antonine, aon de Làraich Dualchas na Cruinne ann an Alba.

Tha na leabhraichean coitcheann seo math ma tha tidsearan ag iarraidh fiosrachadh nas mionaidiche:

- *Edge of Empire: the Antonine Wall*, David J Breeze, 2008
- *The Roman Army*, David J. Breeze, 2016
- *The Roman Fort*, Peter Connolly, 2004
- *Rome's Northern Frontier, AD 70 -235: beyond Hadrian's Wall*, Nic Fields, 2005

NA RÒMANAICH ANN AN ALBA

Thug na Ròmanaich ionnsaigh air Breatainn an toiseach ann an 55 RC ach b' ann sna 70an AD a ràinig iad Alba, nuair a thòisich Julius Agricola iomairt anns a' cheann a tuath. Cha tug e ach seachd bliadhna, air muir 's air tìr, mus d' fhuair e smachd air cuid mhath de dh'Alba. Bha cath Mons Graupius ann an 84 AD cudromach. An sin fhuair na Ròmanaich buaidh air feachd gu math na bu mhotha de threubhan Cailleanach a bha fo stiùir Calgacus. Bho mheadhan nan 80an AD chaidh saighdearan a tharraing beag air bheag à Alba 's feum orra ann an àitean eile san ìompaireachd. Mu 122 AD dhaingnich Ìompaire Hadrian a' chrìoch a tuath le togail Balla Hadrian.

An dèidh bàs Hadrian, chaidh Antoninus Pius na ìompaire. Thug e air an riaghladair aige, Lollius Urbicus, ionnsaigh às ùr a thoirt air Alba. Goirid an dèidh seo, mu 142 AD, chaidh crìoch ùr a thogail aig tuath, ris an can sinn Balla Antonine an-diugh. Bha seo 37 mìltean a dh'fhaid agus a' dol tarsainn na h-Alba bhon iar dhan ear. Eu-coltach ri Balla cloiche Hadrian, bha e air a thogail le fillidhean de sgrath, agus bha e mu 3m a dh'àirde. Chaidh a thogail le saighdearan bho thrì lèigian Ròmanach a bha stèidhichte ann an Alba. Bha seachd gearastain deug agus tuilleadh 'ghearastain-bheaga' nan àite-fuirich don 6-7,000 saighdear a bha stèidhichte air a' Bhalla.

Chaochail Antoninus Pius ann an 161 AD agus goirid an dèidh seo, mu 165 AD, chaidh Balla Antonine fhàgail, agus thill na saighdearan gu deas gu Balla Hadrian. Dh'fhàg na Ròmanaich Breatainn mu dheireadh ann an 410 AD, nuair a bha feum air an arm ann an àitean eile.

Seo eisimpleirean de nithean tùsail a chaidh a lorg aig ceithir làraich aig Balla Antonine agus a tha san Taigh-tasgaidh Hunterian ann an Oilthigh Ghlaschu. Tha mic-samhail dhiubh anns na bogsaichean-làimhseachaidh.

GEARASTAN BHALMUIDY, GLASCHU



Poit chungaidh
Cuspair 3 Tìde Dheth



Fàisgean càise
Cuspair 4 Biadh agus còcaireachd

GEARASTAN A' BHÀRR, SIORRACHD DHÙN BREATANN AN EAR



© An Hunterian, Oilthigh Ghlaschu 2017

Cir-mhìn fhiodha
Cuspair 3 Tìde Dheth



© An Hunterian, Oilthigh Ghlaschu 2017

An sgrìobair
Cuspair 3 Tìde Dheth

GEARASTAN RÒMANACH BHEARSDEN, SIORRACHD DHÙN BREATANN AN EAR



© An Hunterian, Oilthigh Ghlaschu 2017

Bòrd-geama agus cunntairean,
Cuspair 3 Tìde Dheth

GEARASTAN CHADDER, SIORRACHD DHÙN BREATANN AN EAR



© An Hunterian, Oilthigh Ghlaschu 2017

Bobhla den t-seòrsa Samianach
Cuspair 4 Biadh agus Còcaireachd

6 GEAMA GU NA RÒMANAICH



Mas urrainn dhut, luchdaich a-nuas an-asgaidh an geama a tha a' dol an cois a' bhogsa-làimhseachaidh. Tha e ri fhaighinn do **Android** agus do **iOS**.

Tha e a' leigeil le sgoilearan cuairt fèin-stiùirichte a ghabhail tron ghearastan bhiorail ath-thogte aig Gearastan a' Bhàrr, no geamannan siridh a chluich ann an caractar: mar ban-òglach a tha ag ullachadh fèist ann an Gearastan a' Bhàrr (cuidich i gus na rudan a dh'fheumas i a chruinneachadh agus a dheasachadh) no mar shaighdear a tha ris an obair làitheil aige (cuidich e gus na h-obraichean beaga aige a dhèanamh agus na saighdean caillte aige a lorg). Tron gheama, lorgaidh na sgoilearan na mic-samhail a tha sa bhogsa seo: mar eisimpleir, am fàisgean càise no an sgrìobair ris an canar *strigil*; gheibh iad tuigse nas fheàrr air mar agus far an robh iad air an cleachdadh sa ghearastan. Faodaidh iad coiseachd tron thaigh-amaran no tro rùm-feachd, no faicinn cò ris a bha am baile, no vicus, air taobh a-muigh a' ghearastain coltach, le rannsachadh a dhèanamh iad fhèin.

FAIGH
AN GEAMA

<https://play.google.com/store/apps/details?id=com.dds.barhillgame&hl=en>

<https://itunes.apple.com/us/app/go-roman/id1251988769?mt=8>



PÀIRT I NOTAICHEAN AN TIDSEIR
GU NA ROMANAICH: PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL AGUS
BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH SAIGHDEAR RÒMANACH

7 APP BALLA ANTONINE



Ma tha thu a' cur air dòigh turas clas gu fear de na làraich air Balla Antonine, faodaidh tu app Balla Antonine fhaighinn an-asgaidh. Tha teacsa, dealbhan agus bhidiothan ann, agus ath-thogail bhiorail 360° de na làraich, agus modail 3D eadar-obrachail de na nithean a chaidh a lorg aig a' Bhalla.

'S ann aig an làrach as fheàrr a tha an app ag obrachadh gus an tuigse as fheàrr fhaighinn air an ath-thogail le fìorachd leasaichte, ach faodar a cleachdadh sa chlas cuideachd mar ghoireas teagaisg a bharrachd. Tha i ri fhaighinn airson **Android** agus **iOS**. Tha tuilleadh fiosrachaidh ann mu nithean sa bhogsa-làimhseachaidh, fiosrachadh agus tursan do mhòran làraich agus thaighean-tasgaidh air loidhne a' Bhalla. Thèid an t-susbaint ùrachadh gu fèin-obrachail nuair a gheibh thu an app.

FAIGH
AN APP

[http://www.antoninewall.org/
visiting-the-wall/download-the-app](http://www.antoninewall.org/visiting-the-wall/download-the-app)



PÀIRT I NOTAICHEAN AN TIDSEIR
GU NA ROMANAICH: PASGAN-TEAGAISG CUSPAIREIL AGUS
BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH SAIGHDEAR RÒMANACH

8 EÒLASAN AGUS BUILEAN A' CHURRAICEALAM AIRSON SÀR-MHATHAIS



Tha sgrùdadh air na nithean sa bhogsa a' toirt mòran chothroman air eòlasan ionnsachaidh agus coileanadh builean tarsainn a' churraicealam. Tha na gnìomhan leasachaidh gu h-ìosal a' toirt cothrom, mar eisimpleir, air modhan eadar-chuspaireil a tha a' còmhach dràma, ceòl, litearrachd agus slàinte agus sunnd, cho math ri builean follaiseach ann an eòlas sòisealta.

Bidh na prìomh builean ionnsachaidh an lùib obair air na nithean ann an *Cuspairean Sòisealta: Daoine, tachartasan agus coimhearsnachdan san àm a dh'fhalbh*. Tha liosta eòlasan agus builean san raon seo gu h-ìosal. Le tadhal air làrach far am faic iad fianais fiosaigeach de na Ròmanaich agus air taigh-tasgaidh far am faic iad nithean tùsail, thèid doimhneachd a chur ri na h-eòlasan ionnsachaidh.

- Le bhith a' rannsachadh àiteachan agus obair-làimhe dhaoine agus gan ceangal ri àm ann an eachdraidh, tha mi air eòlas fhaighinn mu na dòighean sam bi sinn a' cuimhneachadh agus a' gleidheadh eachdraidh na h-Alba.
SOC 1-02a
- 'S urrainn dhomh fianais a chleachdadh airson cur ri chèile sgeulachd àite no neach a tha ainmeil ann an eachdraidh ionadail.
SOC 1-03a
- 'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar pàirtean de bheatha làitheil dhaoine san àm a dh'fhalbh agus mo bheatha fhìn, a' cleachdadh fianais eachdraidheil no m' eòlas air a bhith ag ath-chruthachadh suidheachadh eachdraidheil.
SOC 1-04a



9 ÀITEAN-TADHAIL ANN AN ALBA LÀRAICH RÒMANACH



Faodar tadhal air earrannan de Bhalla Antonine an-diugh - gearastain, an dig, agus an t-Slighe Armailteach nam measg - cho math ri na tha air fhàgail den bhalla fhèin. Tha fiosrachadh mu làraich Ròmanach ionadail ri fhaighinn leis a' mhap eadar-obrachail seo:

<http://www.antoninewall.org/map>.

Ma tha dùil agad tadhal, carson nach fhaigh thu app eadar-obrachail Balla Antonine?

<http://www.antoninewall.org/visiting-the-wall/download-the-app>

Seo liosta de chuid de na làraich as fheàrr agus as fhasa ruigsinn air Balla Antonine. Faigh tuilleadh fiosrachaidh an seo: <http://www.antoninewall.org/visiting-the-wall/things-to-see-and-do/top-ten-things-to-do>

- **An Caisteal Garbh, Drochaid Buine** - an gearastan glèidhte as fheàrr, ann an suidheachadh àlainn
- **Taigh-amaran Ròmanach, Bearsden** - fuighleach (na tha air fhàgail) taigh-amaran agus taigh-beag
- **Am Bàrr, an Tuachar** - an gearastan as àirde air a' bhalla, agus suidheachadh nan geamannan fìorachd bhiortail againn
- **Ceann Fhàil** - an aon eisimpleir faicsinneach de ghearastan-beag
- **Pàirc Challendar, An Eaglais Bhreac** - raointean fada, fosgailte de dhìg Balla Antonine
- **Loidse Watling, Rathad Tom a' Phùir, an Eaglais Bhreac** - na h-earrannan glèidhte as fheàrr den dìg
- **Coille an t-Suidhe Bhig, Drochaid Buine** - deagh earrann ghlèidhte den t-Slighe Armailtich, agus seallaidhean math den dìg agus den rampair



ÀITEAN-TADHAIL ANN AN ALBA LÀRAICH RÒMANACH A' LEANTAINN

Làraich Ròmanach eile air am faodar tadhal air feadh na h-Alba:

- **Gearastan Newstead** - ris an canar cuideachd Trimontium, Maolros
- **Ridse Gasg** - fuighleach crìoch a tuath ann an Siorrachd Pheairt
- **Gearastain aig Cathair Amain** - fuighleach ionad-solarachaidh
- **Mòinteach Lurg, Baile an Easbaig** - fuighleach tùr-faire agus ionad-siognalaidh
- **Inchtuthill, Capaig** - lorgan prìomh ionad- airm uabhasach mòr, nach deach a chrìochnachadh no a chleachdadh riamh, thathar a' smaoinichadh

TAIGHEAN-TASGAIDH

Tha cruinneachaidhean Ròmanach gan taisbeanadh anns na taighean-tasgaidh seo:

- Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Dùn Èideann
- Taigh-tasgaidh Cheann Fhàil, Bo'ness
- Taigh-tasgaidh Chill Saidhe, Cill Saidhe
- An Taigh-tasgaidh Hunterian, Glaschu
- Taigh-tasgaidh Chomar nan Allt, Comar nan Allt
- Taigh-tasgaidh Bhruach Chluaidh, Bruach Chluaidh
- Taigh Challendar, An Eaglais Bhreac
- Taigh-tasgaidh na Seann Eaglais, Cathair Cheann Tulaich
- Ionad-dualchais Ròmanach nan Tri Cnoc, Maolros

Faigh tuilleadh fiosrachaidh an seo: <http://www.antoninewall.org/about-the-wall/things-to-see-and-do/museums-and-heritage-centres>





10 BOGSA-LÀIMHSEACHAIDH GU NA RÒMANAICH FOIRM FIOS-AIR-AIS



Tha sinn a' cur fàilte air fios-air-ais mu phàirt sam bith de bhith a' cleachdadh a' bhogsa-làimhseachaidh seo. Lìon am foirm agus till e an cois a' bhogsa no cuir fios thugainn aig worldheritage@hes.scot

Tha rùm fo chuid de na ceistean airson beachdan a bharrachd.

AN GLEIDHEADH

1. **Dè cho furasta 's a bha e am bogsa a ghleidheadh?** Cuir cearcall mu aonan

Gu math furasta Furasta Cha robh e furasta

D' ULLACHADH

2. **An robh notaichean an tidseir feumail dhut?** Cuir cearcall mu aonan Bha Cha robh

3. **Dè na h-earrannan a b' fheumaile dhut?**

4. **An robh thu misneachail gum b' aithne dhut mar a chleachdadh tu na stuthan an dèidh dhut na notaichean a leughadh?** Cuir cearcall mu aonan

Bha Cha robh

ANNSA' CHLAS

5. **Dè an clas leis an robh thu ag obair?** _____

6. **Na cuspairean a rannsaich sibh** _____

7. **Ciamar a chleachd thu am bogsa?** Cuir cearcall mu gach dòigh a chleachd thu.

- An clas gu lèir, fo stiùireadh an tidseir
 - Buidhnean beaga, ag obair air an ceann fhèin
 - Buidhnean beaga, fo stiùireadh an tidseir
 - Dòigh eile - thoir beachd
-

SAIGHDEAR GU NA RÒMANAICH: FOIRM FIOS-AIR-AIS A' LEANTAINN

8. Ma chleachd thu cairtean-sgrùdaidh nan nithean, dè cho furasta 's a bha e an cleachdadh?

9. Ma rinn thu na gnìomhan leasachaidh, dè an fheadhainn a rinn thu agus dè cho furasta 's a bha iad?

10. An do chòrd e ri na sgoilearan na nithean a chleachdadh? Dè an fheadhainn a b' fheàrr leotha no nach b' fheàrr leotha?

11. An do chleachd thu an app no an geama fìorachd bhiortail an cois a' bhogsa, no an dà chuid?

Cuir cearcall mu gach rud a chleachd thu App Geama VR

**12. An do chleachd thu an app 's tu a' tadhal air làrach?
Ma chleachd, dè cho furasta 's a bha e a cleachdadh?**

13. An do chuir an app taic ris an obair sa chlas agus ri na nithean? Ma chuir, inns ciamar.

14. An do chuir an geama VR taic ris an obair sa chlas agus ri na nithean? Ma chuir, inns ciamar.

15. Ciamar a b' urrainn dhuinn am bogsa-làimhseachaidh a leasachadh?
